

**GNÌOMHAN**

1. 'S urrainn dhomh mo theacsa fhin a sgrìobhadh, stèidhichte air stoidhle sgrìobhaidh Thormoid.
2. Sgrìobhaidh mi teacsa bho thùs, stèidhichte air aon de phiosan sgrìobhaidh Thormoid Chaimbeil. Cuimhnich air: Còmhdach an leabhair, agus an duilleag-cùil le tuairisgeul.

Rugadh Tormod Caimbeul, no Tormod a’ Bhocsair mar a b’ fheàrr a dh’aithnichear e, ann an Dail bho Dheas, Nis, an Eilean Leòdhais ann an 1942. Bhuinneadh e do theaghlach de sgrìobhadairean; bha athair, (Am Bocsair) agus bràthair athar (Am Puilean) le chèile nam bàird.

Bhàsaich athair Thormoid is e gu math òg ach tha cuimhne aig Tormod air na sgeulachdan a bhiodh e ag innse dha. Thug a mhàthair cuideachd buaidh mhòr air sgrìobhadh Thormoid leis an ùidh 's an t-eòlas a bh' aice air daoine agus beatha làitheil na sgìre.

B' e glè bheag de sgrìobhaidhean Gàidhlig a bha ri fhaighinn nuair a bha Tormod fhèin san sgoil agus thug seo buaidh air cuideachd, ged nach robh e fhèin cho mothachail air aig an àm.

B' ann nuair a bha e an Oilthigh Dhùn Èideann a thòisich e a' sgrìobhadh airson a' chiad uair. Sgrìobh e bàrdachd Gàidhlig a chaidh fhoillseachadh san ràitheachan Gàidhlig, Gairm. Thug seo misneachd dha leantainn air adhart le chuid sgrìobhadh. Bha e soirbheachail leis an stuth a sgrìobh e do phrògram teilidh chloinne, a bha ag amas air cloinn eadar ochd is ceithir bliadhna deug, air an robh Cò lad?

Bha sgrìobhadh a' còrdadh ris gu mòr; bha liut aige ann a bhith a' cluich le facail is fuaimean gus sgrìobhaidhean beothail is eirmseach a chruthachadh.

B' ann ann a bhith a' sgrìobhadh dràma a bu mhotha a bha an ùidh aige. Fhad 's a bha e a' teagasg ann an Sgoil Lionail, bhiodh e a' sgrìobhadh dhealban-cluiche gach bliadhna dha na sgoilearan a bhiodh gu tric a' dol air àrd-ùrlar aig a' Mhòd. Bhiodh e fhèin cuideachd a' gabhail pàirt mar chleasaiche.

Bha Tormod an sàs ann an iomadach gnè

sgrìobhaidh, me dealban-cluiche, bàrdachd, sgeulachdan goirid, leabhraichean chloinne agus nobhailean. Bha *Jelly a' Cho-op* am measg nam pìosan a b' ainmeile a sgrìobh e is e air aithris leis an nighinn aige, Catriona Lexy, aig a' Mhòd ann an Steòrnabhagh ann an 1989, nuair nach robh i ach còig bliadhna a dh'aois. Choisinn i an fharpais leis is dh'aithnichear i mar rionnag a' Mhòid leis cho math 's a libhrig i sgeulachd èibhinn a h-athar.

A bharrachd air na sgrìobh e fhèin, dh'eadar-theangaich e iomadach leabhar ainmeil chloinne dhan Gàidhlig; *An Gruffalo*, *A' Chàparaid* agus *Nòra (a' Chremòla)* am measg an fheadhainn as ainmeile. Tha a chuid bhriathrachais, mhodhan-cainnte is ghnàthsan-cainnte nan tlachd do shean is òg.


Bha an ùidh a bh' aige ann an daoine, àiteachan is beul-aithris ri fhaicinn anns a' chruinneachadh a rinn e de phiosan bàrdachd is rabhdan san leabhar, Air do bhonnagan a ghaoil. Ghabh e saothair mhòr ris an taghadh seo gus am biodh e

na thogail-inntinn do na h-uile.

A bharrachd air a bhith na sgrìobhaiche iomraiteach, bha iomadach nì eile anns an robh e a' gabhail tlachd; bha e garbh dèidheil air ballachan-cloiche a thogail agus tha grunn dhiubh sin timcheall air an taigh aige ann an Dail.

Bha triùir de theaghlach aige fhèin is a bhean, Màiri Sìne: Catriona Lexy a lean a h-athair ann an saoghal sgrìobhaidh is dràma, Seòras, a tha na fhear-ciùil agus Dòmhnall Alasdair, a tha ag obair sna meadhanan ach an lùib ciùil cuideachd.

Bhàsaich Tormod le aillse sa Chèitean, 2015, aig aois 72. Chaidh an leabhar mu dheireadh aige, *Sgeulachdan sa Chiaradh*, cruinneachadh de sgeulachdan goirid, fhoillseachadh na b' anmoiche air a' mhìos sin.



**LOIDHNE-TÌM**

**1942**  
Rugadh Tormod a' Bhocsair

**Mu 1960**  
Chaidh Tormod dhan oilthigh

**1964**  
Fealla-dhà an Liceasto air fhoillseachadh ann an Gairm

**1989**  
Catriona Lexy, a' nighean, ag aithris 'Jelly a' cho-op' aig a' Mhòd

**2005**  
Rannan chloinne agus chàich air an cruinneachadh le Tormod Caimbeul air fhoillseachadh.

**2015**  
Bhàsaich Tormod aois 72

**2015**  
Sgeulachdan sa Chiaradh, leabhar de sgeulachdan goirid a' chaidh a chuir air bhog anns an Cèitean.

